


Leugh agus Leasaich

A' Chorràg Chrosta

Notaichean an Tidseir & Duilleagan Sgoileir



A' Chorrach Chrosta

Leugh agus Leasaich

Tha LEUGH agus LEASAICH a' toirt cothrom leasachadh a dhèanamh air A' Chorrach Chrosta le Roald Dahl anns na sgilean a leanas:

- leughadh
 - èisteachd agus labhairt
 - sgrìobhadh
-

Curraicealam airson Sàr-mhathais – An Dàrna Ìre

Tha na notaichean seo airson beagan cuideachaidh a thoirt dhuibh a thaobh sgilean leughaidh na cloinne. Tha molaidhean ann cuideachd air gnìomhan còmhraidh, èisteachd agus sgrìobhaidh.

Eòlasan agus Builean

Èisteachd agus Labhairt

Fhad 's a tha mi ag èisteachd 's urrainn dhomh adhbhar an teacsa, na prìomh bheachdan agus am fiosrachadh a tha a' cur taic riutha aithneachadh agus bruidhinn orra, agus 's urrainn dhomh am fiosrachadh seo a chleachdadh airson diofar adhbharan.

LIT 2 – 04a

'S urrainn dhomh sealltainn gu bheil mi a' tuigsinn na tha mi ag èisteachd no a' coimhead le bhith a' freagairt cheistean litireil, ceistean a' sireadh brìgh, ceistean measaidh no seòrsaichean cheist eile, agus a bhith a' faighneachd cheistean de dhiofar seòrsaichean bhuan fhìn.

LIT 2-07a

Leughadh

Bidh mi gu tric a' taghadh agus a' leughadh, ag èisteachd no a' coimhead theacsaichean a tha a' còrdadh rium agus a tha inntinneach dhomh agus is urrainn dhomh innse carson as fheàrr leam teacsaichean agus ùghdaran àraidh.

LIT 2-11a

A' Chorrach Chrosta

'S urrainn dhomh; bruidhinn air structar, caractaran agus/no suidheachadh, tuigsinn dè cho freagarrach 's a tha cuspair an sgrìobhaiche agus mar a tha seo a' buntainn rim eòlasan fhìn agus eòlasan dhaoine eile bruidhinn air stoidhle an sgrìobhadair agus feartan eile a' buntainn ri genre.

GAI 2-19a

Sgrìobhadh

Ann an teacsaichean goirid agus fada, is urrainn dhomh puingeachadh freagarrach a chleachdadh, structaran eadar-dhealaichte a chur air seantansan agus m'obair a roinn ann am paragrafan ann an dòigh a tha a' dèanamh ciall don leughadair.


LIT 2-22a

Tha mi a' smaoinichadh air a' bhuidhe a bhios aig cruth agus coltas an teacsa agus 's urrainn dhomh stoidhlichean litreach, grafaigs agus feartan eile a chur an lùib a chèile airson an sgrìobhadh a dhèanamh tarraingeach don leughadair.

LIT 2- 24a



A' Chorràg Chrosta



- Coimheadaibh còmhla air còmh-dach an leabhair. Bruidhinnibh mun t-ìotal agus coimheadaibh air an dealbh. Dè tha sibh a' smaoinichadh a thachras anns an stòiridh?
- Cò sgrìobh an leabhar?
- Cò rinn na dealbhan agus cò dh'fhoillsich e?
- Coimheadaibh còmhla air cùl an leabhair. Leughaidh an sgrìobhadh còmhla. Coimheadaibh air na dealbhan.
- A bheil an t-ùghdar a' toirt sealladh air na tha anns an leabhar? Minich. A bheil e gur brosnachadh gu bhith ga leughadh? Ciamar?

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Tha na dealbhan air taobh a-staigh a' chòmhdach agus na tha sgrìobhte air td1 ag innse cò na prìomh characteran a tha anns an stòiridh.

Prìomh Characteran

Dèan clàr, cuir ann ainmean nam prìomh characteran le dealbh agus, mar a thèid an leabhar air adhart, sgrìobh faclan mu choinneamh gach caractar a tha ag innse cò ris a tha iad coltach;

- nan coltas
- nan nàdar

Càit a bheil an stòiridh suidhichte?

Cò tha ag innse na stòiridh?

Tha sin a' ciallachadh gu bheil an stòiridh sgrìobhte anns **a' chiad phearsa** oir tha i air a h-innse tro aon de na characteran.

Feuch an lorg sibh leabhar eile leabhar eile a tha sgrìobhte anns a' chiad phearsa?

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Cleachd na litrichean anns **A' Chorrach Chrosta** airson faclan, le 2, 3, 4 no barrachd litrichean, a dhèanamh. Gheibh thu 2 phuing airson gach facal le 2 litir, 3 puingeann airson gach facal le 3 litrichean agus mar sin air adhart. Cò aig a bhios an sgòr as àirde aig an deireadh? Faodaidh sibh obrachadh leibh fhèin, ann am pàidhrichean no ann am buidhnean.

Leugh td1 - td7

Dè an cur-seachad air an robh Mgr Ros agus na gillean dèidheil?

Sgrìobh an seantans a tha ag innse dhuinn nach bu toigh leis an nighinn sin.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Sgrìobh a' Bheurla airson nan seantansan a leanas.

An toigh leat bainne?

Is toigh leam bainne, ach 's fheàrr leam uisge.

Cha toigh leam lite, ach is toigh leam tost.

Is toigh leam Beurla, ach 's fheàrr leam Gàidhlig.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Bruidhinn ris a' chloinn mu na seantansan a leanas.

Bu toigh leam bainne, mas e do thoil e.

Bu toigh leam a dhol dhan bhùth.

Am bu toigh leat a dhol a chluich ball-coise a-nochd?

Am bu toigh leat an leabhar sin a leughadh?

Sgrìobh rudeigin a bu toigh leat fhèin.

Bu toigh leam

Ciamar a tha fios againn nach robh an nighean am beachd a' Bhean-uasal Ros a bhith an lùib na bha a' tachairt? Sgrìobh na faclan on teacsa a tha ag innse seo dhuinn.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Saoil carson a leum an t-ùghdar bho bhith ag innse mu na Rosaich gu bhith ag innse mun Bhean-usal Ghreumach?

Td5 Dè an dà fhacal a tha ag innse gun robh an nighean fìor chrosta?

Inns, nad fhaclan fhèin, dè thachair don tidsear.

A bheil sibh am beachd gun robh a' Bhean- uasal Ghreumach airidh air na thachair? Minich.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td8 - td12

Gràmar

Cuimhnich sràc a chur air an 'a' an seo.

às a' choille (td3)

às na busan aice (td6)

às an dearbh chorraig sin (td8)

An urrainn dhuibh a dhà eile a chur ris an seo?

Dè an duilleag air an do thill an nighean gu bhith ag innse mun teaghlach Ros?

Similidh

cho sona ri bròg (td10)



A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Clàr

Ceangail iad seo gus similithean a dhèanamh.

cho dubh ris	an t-sneachda
cho làidir ri	ugh
cho geal ris	bior
cho mòr ri	an t-sùith
cho caol ri	each
cho cruinn ri	beinn

Carson a tha na faclan BRAG! BRAG! BRAG! ann an litrichean mòra?

Faclan ùra

damh

achlais

cleas na h-àbhaist

ribeagan

dosach

diogladh

busan

Inns carson a tha an dealbh de Mhgr Ros air td11 eadar-dhealaichte on dealbh air td12?

Dè a tha seo ag innse mu sgil an dealbhadair? Am feum dealbhadair agus ùghdar a bhith ag obair còmhla air an stòiridh? Minich.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td13-17

Td13 Sgrìobh na faclan a tha ag innse nach robh Mgr Ros air a dhòigh.

Dè chuir an t-eagal air Mgr Ros nuair a chaidh e a-mach a dh'iarraidh fiodh?

Sgrìobh a-mach td16 nad leabhar agus an uair sin:

- a' cleachdadh dath buidhe, cuir dath air 3 gnìomhairean
- a' cleachdadh dath uaine, cuir dath air 3 ainmearan
- a' cleachdadh dath dearg, cuir dath air 3 buadhairean

Cuir dath gorm air na 4 faclan seo;

neònach

dh' fheuch

chunnaic

sgiathan

A-nis, ionnsaich mar a litricheas tu iad. Sgrìobh iad trì tursan eile.

_____	_____	_____	_____
_____	_____	_____	_____
_____	_____	_____	_____

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td18- 21

Carson nach fhaca a' Bhean-uasal Ros i fhèin anns an sgàthan?

Bha Iain agus Uilleam air fàs cho beag ri _____ .

Carson a bha uallach air a' Bhean-uasal Ros mu na balaich?

Cuir am facal ceart a-steach dha na bèarnan

ro

robh

Tha thu _____ mhòr airson a dhol air an luasgan sin.

Cha _____ càil air fhàgail anns a' bhogsa.

Bha an t-seacaid aig Anna _____ bheag dhi.

“Tha sibh fada _____ àrd,” thuirt a' Bhean-uasal Ros.

An _____ an nighean dèidheil air sealg?

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Sgrìobh na faclan air td21 a tha ag innse gun robh itealaich a' còrdadh ri Uilleam.

Sgrìobh na faclan air td21 a tha ag innse gun robh itealaich a' còrdadh ris a' Bhean-uasal Ros.

Sgrìobhadh

Sgrìobh rann mu bhith a' sgèith. Faodaidh ruitheam a bhith ann an rann, ach chan eil e deatamach.

Faodaidh an rann a bhith mun deidhinn seo a' sgèith;

- thu fhèin
- eun
- plèana/ heileacoptair
- itealag
- meanbh-fhrìde



A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td22- 29

Dè bha annasach mu na tunnagan a bha sa ghàrradh?

'Lean na tunnagan eile i. Dhùin an doras.'

Bruidhinnibh mun bhuidh a th' aig seantansan goirid air an leughadair.

Sgrìobh ceistean airson nam freagairtean seo.

Bha Mgr Ros anns a' ghàrradh nuair a chual' e ràn tunnaig sna speuran.

Bha Uilleam agus Iain air fàs fìor, fìor bheag.

Bha na h-uinneagan agus na dorsan dùinte.

Thòisich gaoth mhòr a' sèideadh agus thòisich i a' sìleadh.

Dh'fhalbh an nighean a choishead air na Dòmhnallaich oir bha iad a' losgadh air na h-eòin.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Ciamar a tha an teaghalch a' faireachdainn nuair a tha iad air an glasadh a-mach às an taigh aca fhèin?

Ciamar a bhiodh sibhse a' faireachdainn? Bruidhnibh ri chèile mu dheidhinn.

Cò fhuair fuasgladh air an t-suidheachadh agus dè rinn iad?

Cuir iad seo anns an òrdugh cheart.

Chuir iad itean agus duilleagan anns an nead.

Chruinnich iad biorain.

Dh'fhigh Mgr Ros na biorain còmhla.

Tha seantans air td29 làn briseadh-dùil. An lorg thu i?

Td30-35

Bruidhinnibh air na bha na tunnagan ris san taigh.

Ciamar a tha na dealbhan (td30, td31) a' cur-ris an stòiridh?

Sgrìobhadh

Saoil dè bha an tunnag mhòr a' còcaireachd air an stòbh? Smaoinich air an seòrsa bìdh a dh'fhaodadh a bhith aice.

Dèan clàr-bìdh èibhinn nad leabhar agus cuir dealbhan na lùib.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Cha robh an teaghlach ag iarraidh boiteagan agus seilcheagan ithe.
Dè dh'ith iad agus dè an trioblaid a bh' aca leotha?

A bheil thu a' smaoinichadh gu bheil seo a' toirt air na Rosaich smaoinichadh mun
duilgheadas a bhios aig na h-eòin biadh a lorg?

Beachdaich air dè bhiodh:

- a' toirt cofhurtachd dhan chloinn anns an nead
- a' cur dragh orra.

Ciamar a tha fios aig an leughadair gun robh an nighean a' smaoinichadh gun robh lain
a' tarraing aiste? Mìnich.

A' Chorrach Chròsta

Ainm:

Coimheadaibh air an dealbh air td35. Bruidhinnibh air mar a tha an dealbhadair a' toirt thugainn faireachdainnean na h-ìghne tron dealbh.

Dè thug oirre am fòn a chur sìos?

Sgrìobhadh

Sgrìobh **còmhradh** eadar-dhealaichte eadar an nighean agus tunnag.

Dèan seo nad leabhar.



A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td36-43

Td36, 37

Dè chleachd an t-ùghdar airson suidheachadh nan eun a thoirt gu aire nan Rosaich?

Ciamar a tha an dealbhadair a' cur ris an stòiridh air na duilleagan seo?

Sgrìobhadh

Ciamar a chòrdadh e riut fhèin oidhche a chur seachad ann an nead?
Sgrìobh stòiridh ag innse mu dheidhinn.

Taic

- far an do thog mi nead
- na rudan a chleachd mi air a shon
- duilgheadasan
- mar a chuir mi seachad an oidhche ann:
 seallaidhean fuaimean
- faireachdainnean

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Plana

Toiseach

-
-
-

Dè thachair?

-
-
-

Dè thachair an uair sin?

-
-
-

Mu dheireadh

-
-
-

A' Chorrach Chròsta

Ainm:

Td38

Tha na Rosaich toilichte gu bheil a' mhadainn ann, ach tha an t-ùghdar a' cur car san stòiridh. Dè tha a' tachairt?

Tha e a' sealltainn sgil an ùghdair. Carson a rinn e seo? Dè bhios ùghdar ag iarraidh air an leughadair a dhèanamh?

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Bruidhinnibh mu fhaireachdainnean

- nan Rosaich
- nan tunnagan
- na cloinne fhèin

Nota tidseir: Cuiribh na sgoilearan ann an dà bhuidheann.

Na Rosaich

Na Tunnagan

Le bhith a' coimhead air a' chòmhradh air td40, iarr air a' chloinn a bhith a' connsachadh dìreach mar a bha na caractaran air an duilleig seo.

Bha a' Bhean-uasal Ros a' smaoinichadh gun sàbhaileadh na gillean iad. Carson nach do sheas am beachd seo?



A' Chorrach Chrosta

Ainm:

as àirde

nas àirde

as ìsle

nas ìsle

Cò as àirde anns na speuran?

Cò as ìsle?

Tha _____ nas àirde na _____.

Tha _____ nas ìsle na _____.

Thuirt an tunnag aon rud laghach air td43. Dè bh' ann?

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Leugh td44 - 49

Td44 - 45 a-mhàin

Dè an ath rud a tha a' dol a thachairt san stòiridh? Bruidhnibh ris a' bhuidheann agaibh mu dheidhinn.

Bruidhinnibh mu na dathan a chunnaic na Rosaich. Saoil carson is e buidhe an dath mu dheireadh a chunnaic iad?

Carson a bha na Rosaich cho toilichte? Ciamar a sheall an t-ùghdar agus an dealbhadair sin?

Td 49

Carson a nochd an nighean a-rithist san stòiridh?

Sgrìobh air 'post-it note' dè an droch naidheachd ris an robh i an dùil. Bruidhinn ris a' bhuidhinn agad mu na freagairtean a th' agaibh.

Faclair

ag amas

losgadh

cead

gealladh

moit

daonnan

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Td50-53

Seall air na tha na Rosaich a' dèanamh. Ciamar a tha na gnìomhan seo gu tur eadar-dhealaichte o na gnìomhan a b' àbhaist a bhith aca?

Dè na h-atharraichidhean eile a bha air tighinn air na Rosaich? Inns far an lorg thu dearbhadh san stòiridh.

Leugh td54 - td57


Carson a ruith an nighean air falbh às dèidh dhi am BRAG a chluinntinn?

A bheil sibh toilichte mar a chrìochnaich an stòiridh? Minichibh carson.

A' Chorrach Chrosta

Ainm:


Ciamar a bhiodh sibh pèin air crìoch a chur oirre?



A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Dèan measadh air A' Chorrach Chrosta.



Tìotal _____

Ùghdar _____

Dealbhadair _____

Foillsichear _____

Geàrr-chunntas air an stòiridh _____

A' Chorrach Chrosta

Ainm:

Am pìos a b' fheàrr leam

Carson?

Am pìos nach do chòrd rium

Carson?

Am moladh tu *A' Chorrach Chrosta* do sgoilearan eile? Inns carson.

Measadh

Cia mheud rionnag a bheireadh tu dhan leabhar a-mach à 5

